

Camanac hd 2 Title:

Camanachd ann an Saoghal Mòr na h-Alba

Cuiridh stàit sam bith stòras mu choinneamh spòrs airson iomadach adhbhar: slàinte, an eaconamaidh, neartachadh sòisealta, foghlam, adhbharan cutarail, aithne nàiseanta no eadar-nàiseanta agus turasachd. Tha uibhir de chothroman ann a bhith a' lìbhrigeadh phoileasaidhean riaghaltais tro spòrs thar raointean-obrach Mhinistirean gu bheil mi-chinnt ga adbhrachadh nuair a tha siostaman caibineit riaghaltasan a' deasbad càite am bu chòir a bhith ga làimhseachadh. Ann an Alba, tha

spòrs aig a' cheart àm taobh-staigh uallaichean slàinte agus deagh bhith-beò, agus anns an RA tha e stèidhichte fo uallach Cultar, na Meadhanan agus Spòrs. Tha na Canèidianaich ag aithneachadh luach spòrs mar eachdraidh le bhith ga làimhseachadh ann an Roinn Dualchais Chanada, air a bhonntachadh air lagh ùr – Achd Gnìomhan Corporra agus Spòrs, 2003. Ann an deasbad ann an Taigh nam Morairean air riaghladh spòrs anns an Dùbhlachd 2014 chaidh aontachadh:

'In summary, nothing short of a tapestry of government and political objectives became woven into the world of sport, while sport and

recreation has now become an important contributor to virtually every department of state'.

Tha buaidh is freumhan na camanachd a' sìneadh a-mach bho gèam agus spòrs a-mhàin ged-thà, agus air adhbharan dualchais agus traidiseanan, tha e fhathast na phàirt cudromach de shaoghal culturail agus sòisealta iomadach coimhearsnachd ann an Alba. Tha camanachd cuideachd air a bhith cudromach ann an seadhan eilthireachd ged a tha e ann an suidheachaidhean mar sin, cleas na Gàidhlig, air seargadh à bith.

Chuir camanachd gu mòr ri neartachadh agus inbhe choimhearsnachdan. Tha ceanglan làidir gan cumail eadar

chluicheadairean. Tha grunn aithrisean spòrs (a-thaobh meud agus tomhaisean leithid àireamh) a' cumail taic ris a' phrionnsabal poileasaidh gu bheil airgead-seilbh spors agus poileasaidh inntinneach an co-cheangal ri spòrs coimhearsnachd, a bhith a' gabhail pàirt, ag obair gu saor-thoileach, agus co-cheanglan catharra a' togail air calpa sòisealta. Cho-dhuin measadh spòrs agus calpa sòisealta Delaney agus Keaneyceangal buadh-mhor eadar a bhith an-sàs ann an spòrs agus a bhith a' dèanamh rudan eile. Tha sin ri ràdh, chan ann a-mhàin an calpa cheanglan ach anns a' mheur de chalpa sòisealta a tha a' togail nan ceanglan sin mar dhrochaidean.

Cho-dhuin Delaney agus Keaney cuideachd gu robh buill ann am buidhnean spòrs nas dualtaich a bhith a' bhòtadh, a bhith an coluadar le luchd-poileataigs, a' cur an ainmean ri athchuingean agus a bhith le tomhas nas àirde de dh'earbsa sòisealta. Tha seo a' cheart cho fìor mu chamanachd sa tha e mu spòrs eile, ach tha feum air tuilleadh obrach son a bhith coimeas diofar shuidheachaidhean gu coileanta.

Thuir Daniel Tarschys, a bha na Rùnaire Coitcheann son na Roinn Eòrpa:

'The hidden face of sport is also the tens of thousands of enthusiasts who find in their football, rowing, athletics and rock climbing clubs a place for meeting and

exchange but above all the training ground for community life'.

Tha na tha a' gabhail pàirt ann an spòrs na naidheachd mhòr air sgàth a cheangail le slàinte ach than a h-argamaidean mu ùrachadh sìobhalta co-cheangal sòisealta a' cheart cho làidir. Tha a' bhuidheann nàiseanta spòrs sportscotland, air cuideam a chur air a bhith a' cruthachadh ionad spòrs roinneil no "hubs". Bha e na amas 165 ionad spòrs coimhearsnachd a chruthachadh ro 2016. Tha buidhnean camanachd, gu sònraichte ann an sgìrean dùthchail agus iomallach, air a bhith a' frithealadh leithid de ghoireasan agus innleachdan ann an tòrr

àiteachan (gu cudromach far a bheil Gàidhlig) son còrr math is ceud bliadhna.

Ach bheireadh cothrom a bhith a-staigh air lìonradh nas fharsainghe neart dhan bheachd gum biodh barrachd stòrais air a chur ri camanachd a' cuideachadh le ceanglan sòisealta. Cha bhiodh ionmhas mar sin a' cumail taic ri spòrs a-mhàin ach a' caomhnadh chosgaisean eile ro-làimh, le dearbhadh gu bheil an t-ionmhas gu camanachd ag obair an co-bhuinn ri seirbheisean poblach eile mar phàirt dhen ghlaodh sòisealta a tha a' buinnig seasmhachd do chuid de choimhearsnachdan.

Tha camanachd a' tairgse meadhan do mhòan dhaoine air saoghal tarraingeach agus siubhlach le toileachas agus modhan-labhairt a bhuinnig. Tha luchd-poileataigs agus luchd-aithris a' cleachdadh sàmhlaidheachd, sluagh agus beachdan-smuain a' ghèaim a shoillearachadh mì-chinnt agus dùbhlain eile an t-saoghail. Tha camanachd na bhall de choimhearsnachd spòrs mòran nas fharsainge, a tha comasach air beachdan is gluasadan làidir poblach a rabhaigeadh.

Tha daoine gu math ainmeil ann an saoghal nan ealan leithid Billy Connolly air a ràdh gum bu chòir camanachd aithneachadh mar spòrs nàiseanta na h-Alba.

Tha grunn chluicheadairean ball-coise proifeiseanta leithid Dòmhnall Park agus Dunnchadh Shearer bhon Ghearasdan gu math moiteil à saoghal na Camanachd agus an ceangal fhèin ris. Gu dearbh thuirtear Shearer aig cuirm anns a' Ghearasdan beagan bhliadhnaichean air ais gur e nach do chluich e ann an cuairt dheireannach Cupa na Camanachd an rud a bu thàmailtiche na shaoghal mar neach spòrs – agus sin bho fhear a chluich ball-coise aig àrd-ìre ann an Sasann aig Chelsea agus ann an Alba suas gu ìre eadar-nàiseanta.

Tha ceanglan làidir eadar ceòl, saoghal nan ealan agus camanachd. Chaidh a chleachdadh leis a chòmhlán ainmeil Runrig,

ann an cuirmean a' luaidh gaisgich anns a' Chiad Chogadh agus tha luchd-ciùil ainmeil leithid Julie Fowlis agus Gary Innes ga chur gu feum air an àrd-ùrlar gu math tric.



Gary Innes – sàr-chamanaiche agus neach-ciùil

Tha prògraman telebhisein leithid Hamish McBeath air a chleachdadh agus cuideachd

fiolmaichean eadar-nàiseanta leithid *Brave and Outlander*, ga chur air adhart ann an sgeulachdan no dealbhan mar shàmhla air Alba no cùisean cultarail Gàidhealach.

Thuir Louise Frechette an riochdaire dioplòmasach Canèidianach a bha na Leas-Rùnaire Coitcheann air an UN airson ochd bliadhna, gu robh tòrr a bharrachd cumhachd aig spòrs na dìreach sàmhlachas. Tha spòrs a' cur air adhart conaltradh, a' slànachadh briseadh eadar dhaoine, coimhearsnachdan agus dùthchannan agus a' cuideachadh le fàs anns an eaconamaidh. Dh'fhaodar ceistean a thogail mu choinneimh nam beachdan sin, ach tha i ceart a bhith a' cur air adhart gu bheil neart spòrs nas treasa na sàmhlachas.

Tha barrachd an lùib eachdraidh na camanachd na duaisean, rudan agus cinn-latha nuair a thachair gnothaichean ainmeil no àraid.

Tha sin uile gun teagamh a' cruthachadh cinn-còmhradh do dhaoine thar ghinealachan, eadar teaghlaichean agus am measg choimhearsnachdan, biodh sin mar chuimhneachain no deasbad no aithrisean a ghabhas glèidheil an iomadach riochd leithid beul-aithris.

Tha deagh eisimpleir eile again aig a' cheart àm is camanachd ga cleachdadh ann am pròiseact slàinte airson a bhith a' cuideachadh dhaoine le trioblaidean inntinn a tha nan tàire an iomadach coimhearsnachd.

Ann an 2014, chaidh compàirteachas a stèidheachadh eadar buidheann-riaghlaidh na camanachd agus Alzheimer Scotland far a bheil co-chruinneachadh tasglainn na camanachd ga chur gu feum mar stòras airson goireasan a chruthachadh a tha gan cur an-sàs le daoine a tha a' fulang le diofar ìrean de sheargadh-inntinn no dementia. Chaidh sgioba Camanachd eadar-lìn a chruthachadh fon ainm "Shinty memories Club" fo stiùir na buidhne Alzheimer Scotland agus tha sin a nis ga thoirt a-staigh fo bhratach nas fharsainge agus nas làidire, Lìonradh Dualchas Spòrs na h-Alba, stèidhichte aig ionad nàiseanta a' bhuill-coise aig Hampden an Glaschu, a bhios a'

stiùireadh chùisean thar raon nas fharsainge de spòrs agus a' dol an-sàs ann an diofar raointean slàinte.

www.sportsheritagescotland.co.uk



www.sportsheritagescotland.co.uk

Bhon chiad dol-a-mach, chaidh camanachd gu math fada air thoiseach air gach spòrs eile a bha anns a' phròiseact air Facebook a thaobh bualadh air an làrach agus tadhail air an làrach-lìn.

Chaidh seataichean de 100 Cairt-Cuimhne a dheisealachadh ann an Gàidhlig agus am Beurla le maoin a fhuaras bho neach le ùidh sa ghnothach a bha mothachail air a bhuidh a bh'aca – a-thaobh goireas slàinte agus a bha a' tuigsinn an fheum a bh'ann an deanamh gu dà-chànanach.

Tha na cairtean a' togail ìomhaighean chluicheadairean, duaisean, raointean-cluiche agus suaicheantasan. A-rithist, tha an stuth sin ann an Gàidhlig agus Beurla. Cha robh e fada gus an deach dearbhadh an co-cheangal ri suidheachadh na camanachd nach robh cus theaghlaichean no sgiobaidhean ann nach robh eòlach air neach no daoine a bha fo ìmpidh a' dèiligeadh ri seargadh-inntinn.

Tha mòran aig spòrs ri chur ri taic son faothachadh do dhaoine anns an t-suidheachadh seo, agus tha camanachd air a bhith aig toiseach na h-iomairt a bhith a' dol an-sàs ann an leithid trioblaidean inntinn agus tinneasan eile a tha cumanta ann an sluagh a tha aig mor-aois sa chumantas anns an latha th'ann. Tha planaichean gan dealbh airson an sgeama a leudachadh, a' gabhail a-staigh trèanadh agus ceanglan ri saoghal foghlaim agus buidhnean-slàinte.

Tha an ceangal eadar camanachd agus saoghal ball-coise air a neartachadh tron phròiseact seo is taisbeanadh mu chamanachd gu bhith a' dol air adhart aig an

stadium nàiseanta airson sia mìosan bho Fhoghar 2015.

Tro leithid de dh'iomartan, coluadar agus ceanglan, tha inbhe na Camanachd ga àrdachadh agus le taic an SFA, tha na h-uibhir de bhuannachd agus de mhisneachadh ann dhan Ghàidhlig cuideachd.